



## Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas

# PLANA GÀIDHLIG 2013-18

Thathar air am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 18 Dùbhlachd 2013.

## Facal-toisich

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail air an dùbhlán a tha ann gus ìomhaigh is cleachdadh na Gàidhlig a thogail sna coimhearsnachdan againn is nar beatha làitheil. Mar Chomhairle, tha rùn againn obair le Bòrd na Gàidhlig, leis na com-pàirtichean againn ri dealbhadh-coimhearsnachd agus le feadhainn eile gus cuideachadh gus an cànan a dhìon airson nan ginealach romhainn.

Tha am plana againn a' nochdadh an t-seallaidh a tha againn a thaobh mar a chuireas sinn air adhart is a chleachdas sinn an cànan ann an ìbhrigeadh nan seirbheisean againn. Tha e a' dèanamh soilleir dè na ceuman a ghabhas sinn sna còig bliadhna romhain a chuireas ri mothachadh mun chànan an dà chuid am measg an luchd-obrach is na coimhearsnachd againn.

Le bhith ga dhèanamh, tha sinn a' nochdadh mar a chuireas sinn taic ri cinn-chrìche Plana Nàiseanta na Gàidhlig is amasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum mair Gàidhlig mar chànan beò is mar ghnè fa leth de dhualchas cultarail na dùthcha againn.

Tha sinn mothachail air luach a' chànan mar-thà ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus chunnaic sinn na buannachdan dhan sgìre againn a thaobh a bhith a' brosnachadh is a' tàladh obair-ealain is obair chultarail. Seo obair a tha sinn a' gealltainn gleidheadh is leasachadh thar nam bliadhnaichean air thoiseach gus an toir na nì sinn gus am plana nàiseanta a ìbhrigeadh buaidh sheasmhach.

Ceannard  
Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas

# Clàr-innse

## Geàrr-chunntas

- 1                   Ro-ràdh
  - Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas
  - Gàidhlig ann an raon-obrachaidh an ùghdarrais
  - Gabhail ris a’ Phlana Gàidhlig againn
  
- 2                   Rùintean Bunaiteach
  - Ìomhaigh
  - Conaltradh
  - Foillseachaidhean
  - Luchd-obrach
  
- 3                   Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig: a’ cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh
  - Togail Cànan
  - Cleachdadh Cànan
  - Inbhe a’ Chànain
  - Corpas a’ Chànain
  
- 4                   Cur an Gnìomh is Dearcnachadh
  
- 5                   Fios Thugainn

## Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail air an àite chudromach a tha aig a' Ghàidhlig mar chuid de dhualchas, ìomhaigh nàiseanta is de bheatha chultarail na h-Alba. Tha rùn aig a' Chomhairle uime sin ris na h-amasan a chuirear an cèill ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i air an cruth is air na tionnsgnaidhean a tha dhìth a chur an alt gus a dhèanamh cinnteach gum bi beatha sheasmhach aig a' Ghàidhlig ann an Alba.

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig gu math cugallach agus ma thathar gus beatha às ùr a thoirt don Ghàidhlig mar chànan beò ann an Alba nach fhuilear oidhirp mhòr leis an riaghaltas, leis na roinnean poblach is prìobhaideach, le buidhnean sna coimhearsnachdan agus le luchd-labhairt fa leth. Còmhla 's urrainn dhuinn:

- inbhe na Gàidhlig a leasachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart;
- barrachd cleachdaidh den Gàidhlig a bhrosnachadh.

Thathar air Plana Gàidhlig Chomhairle Shiorrachd Lannraig a Deas a chur ri chèile a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig nar cuid obrach, mar a bheir sinn seachad an cothrom gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ris a' phoball is an fheadhainn leis am bi sinn ag obair agus mar a nì sinn a' Ghàidhlig a chur air adhart is a leasachadh san raon againn fhìn.

Tha am plana a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is an Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Gàidhlig.

## Cruth a' Phlana Gàidhlig

Is iad na mìrean as cudromaiche ann am Plana na Gàidhlig:

### ***Earrann 1 – Ro-ràdh***

Tha an earrann seo a' cur an cèill cùl-fhiosrachaidh is co-theacsa co-cheangailte ris na Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas airson nam prìomh fheuman-obrachaidh aca. Tha e cuideachd a' cur an cèill geàrr-chunntas de dh' eòlas-sluaigh na Gàidhlig.

### ***Earrann 2 – Rùintean Bunaiteach***

Tha an earrann seo ag innse mar a chleachdas is mar a bheir a' Chomhairle cothrom air cleachdadh na Gàidhlig anns na prìomh obraichean gnìomhach againn. Tha e a' còmhach prìomh raointean obrach leithid ìomhaigh chorporra, sanasan, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' socrachadh na h-ìre as ìsle de dh'ullachadh Gàidhlig a bhios sinn a' gealltainn fad beatha a' Phlana.

### ***Earrann 3 – Buidh aig Poileasaidh air Gàidhlig: a' Cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh***

Tha an earrann seo a' cur an cèill mar a chuidicheas a' Chomhairle le bhith a' cur Plana Nàiseanta Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig an gnìomh. Tha i cuideachd a' sealltainn mar a tha san amharc againn cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart ann an dealbhadh is libhrigeadh sheirbheisean.

### ***Earrann 4 - Cur an Gnìomh is Dearcnachadh***

Tha an earrann seo a' cur an cèill mar a thèid cur an gnìomh a' Phlana Gàidhlig againn a thoirt air adhart, agus mar a thèid cur an gnìomh is toraidhean a dhearcnachadh.

## Earrann 1 – Ro-ràdh

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil leis an aon cho-ionannachd spèis is a thathar a' toirt don Bheurla. Fon Achd

- Stèidhicheadh buidheann phoblach neo-roinneil reachdail, Bòrd na Gàidhlig
- Chaidh iarraidh air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig a chur ri chèile
- Chaidh ùghdarras a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig fios reachdail a thoirt do dh' ùghdarrasan poblach Albannach ag iarraidh orra Planaichean Gàidhlig a chur an altaibh a chèile "a chuireas cleachdadh na Gàidhlig air chomas ann an obrachadh nam feuman iomchaidh aca"

Ann am foillseachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17, nochd Bòrd na Gàidhlig an sealladh aige gus "cànan fallain, beò a thathar a' cleachdadh, a luachadh is a mheasadh barrachd is barrachd ann an Alba nan iomadh cultar is cànan san latha a tha ann an-diugh" a chruthachadh.

Ann a bhith a' tarraing a-mach phrìomh mhìrean na h-Achd a bhith ag iarraidh air buidhnean poblach planaichean ullachadh tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh cinnteach gum bi àite aig an roinn phoblaich ann an Alba gus seasmhachd a chruthachadh airson na Gàidhlig. Tha e ag iarraidh air ùghdarrasan an t-àite a tha aig a' Ghàidhlig anns na coimhearsnachdan aca a thuigsinn agus an uair sin air dòigh a tha a rèir seo, cuideachadh gus an inbhe is an ìomhaigh a tha aice a thogail le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a bhith ga cleachdadh.

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Gàidhlig aca thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Chaidh comhairle phoblach a chur mun phlana mu dheireadh a rèir sin agus thathar air na beachdan a nochdadh ri linn na h-obrach sin a chur anns an àireamh.

## Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas

Is e Siorrachd Lannraig a Deas an còigeamh Comhairle as motha ann an Alba le slugh de 303,470 (cunntas 2011) a' fuireach ann an sgìre de 700 mìle ceàrnach. Is e sgìre fharsaing a tha innte, le bailtean sa bheil àireamhan mòra a' fuireach agus tòrr sgìrean a-muigh air an dùthaich. Tha Siorrachd Lannraig a Deas air a bhith soirbheachail a thaobh obraichean den chiad ìre a tharraing; tha àiteachan gun mhilleadh ann a thaobh àilleachd agus tha i air an aon rèir ris a' chòrr de dh'Alba ann an iomadach dòigh. Tha buidseat teachd-a-steach de £718 millean aig a' Chomhairle agus tha dleastanas oirre raon sheirbheisean a libhrigeadh, nam measg foghlam, taigheadas, obair shòisealta, rathaidean, dealbhadh, fallaine na h-àrainneachd, inbhean luchd-chaitheimh is luchd-mhalairt, leabharlannan is ionnsachadh sna coimhearsnachdan, ealain is seirbheisean taighean-tasgaidh agus pàircean-dùthcha.

Tha seirbheisean uile na Comhairle gan libhrigeadh tro aonan de na còig Goireasan air a bheil iomradh gu h-ìseal agus tha barrachd fiosrachaidh ri fhaotainn air làrach-lìn na Comhairle aig [www.southlanarkshire.gov.uk](http://www.southlanarkshire.gov.uk).

Tha **Goireasan Coimhearsnachd is Iomairt** an urra ri àireamh de sheirbheisean poblach aig a bheil àite cudromach ann an slàinte is ann am fallaine shòisealta, eaconomach is àrainneachd saoranaich na Comhairle agus a cuid bhailtean mòra is beaga, a' toirt seachad sheirbheisean leithid seirbheisean fallaine a thaobh na h-àrainneachd a' gabhail gnothaich ri sàbhailteachd a thaobh bidhe, galaran gabhaltach, truailleadh, sorbadh, rianachd air tuaireabadh is sgudal, agus inbhean luchd-chaitheimh is luchd-mhalairt. Tha an Goireas an urra ri seirbheisean-fearainn, pàircean-dùthcha, gàrradaireachd, cladhan, glanadh, togail-sgudail, crosaichean-sgoile, luchd-gleidhidh, solar, goireasan co-labhairtean is chuirmean san àireamh, tallachan agus taighean-beaga poblach. Adhbhar bunaiteach eile a tha aig na Goireasan is e mathachadh a thoirt air Siorrachd Lannraig a Deas tro leasachadh air an eaconomaidh, an àrainneachd is air a' bhun-structar aice. Bidh tionnsgnaidhean air leth ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna ach bidh iad a' cuideachadh gus: na rathaidean is lìonra na còmhdhail phoblach againn a leasachadh, mathachadh a thoirt air cruth ionadan nam bailtean againn, cur ri dèanadas ann an gnìomhachas, cur air adhart ùrachadh sgìrean is a' cur an gnìomh leasachaidh.

Tha **Goireasan Ionmhais is Corporra** an urra ri raon sheirbheisean, nam measg an t-seirbheis-phearsanra chorporra a threòraicheas obair-leasachaidh luchd-obrach na Comhairle ann an seagh ro-innleachdail, an t-seirbheis-lagha a thoirt seachad, na cùirtean-sgìre, seirbheisean-ceadachaidh-is-clàraidh, conaltradh is dealbhadh corporra, rianachd air fiosrachadh, ceannsachadh is co-òrdanachadh ullachaidhean mu chomhairleachadh is ghearanan corporra. Tha an Goireas cuideachd a' cur taice ri buill air an taghadh, a' dèanamh rianachd air obair comataidhean na Comhairle agus ag eagrachadh thaghaidhean gu Pàrlamaid na h-Alba, na Rìoghachd Aonaichte is na h-Eòrpa. A bharrachd air seo, tha an Goireas an urra ri rianachd air ionmhas uile na Comhairle is dòighean-conaltraidh fiosrachaidh na Comhairle. Tha an raon-ùghdarras seo a' bualadh air pàigheadh luchd-obrach, rianachd thabhartasan bhon riaghaltas mheadhanach is seirbheis sgrùdadh-ghàbhaidhean. Tha àite cudromach aige cuideachd ann an luach as fheàrr – a' dèanamh cinnteach

gun tèid na seirbheisean uile a libhrigeadh san dòigh as èifeachdaiche a thaobh cosgais. Tha e a' toirt fios mu rianachd air ionmhas do na Goireasan uile is a' cur ris an lionra ceangailte ri fiosrachadh is conaltradh.

Tha **Goireasan Foghlaim** an urra ris na h-ionadan uile a' bualadh air na tràth-bhliadhnaichean is seirbheisean-ionnsachaidh don òigridh is do choimhearsnachdan. Ann an Siorrachd Lannraig a Deas, tha còrr is 53,000 de chloinn a' frithealadh air mu 130 ionadan-ionnsachaidh sna tràth-bliadhnaichean, nam measg luchd-solair ann an com-pàirteachas, 124 bun-sgoiltean, 19 àrd-sgoiltean, naoi sgoiltean sònraichte agus 22 ionadan-taice ann am bun-sgoiltean is ann an àrd-sgoiltean àbhaisteach, gus feumalachdan a bharrachd a thaobh taice a thoirt a-mach. Am measg nan seirbheisean eile tha seirbheis foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig bho ìre sgoil-àraich gu àrd-sgoil, com-pàirteachas nan sgoiltean aig an dachaigh, seirbheisean sònraichte do chloinn le feumalachdan a bharrachd a thaobh taice, seirbheis eòlas-inntinn, agus seirbheisean mar thaic ri Beurla mar chànan a bharrachd is dà-chànanas, seirbheis-ionnsachaidh don òigridh, seirbheis-ionnsachaidh do na coimhearsnachdan agus sgioba ro-innleachd seirbheisean amalaichte na cloinne. Tha àireamh de luchd-comhairleachaidh is luchd-teagaisg air iasad aig seirbheis-comhairleachaidh Goireasan an Fhoghlaim ann an raointean leithid saoranachd, co-ionannachd chothroman, foghlaim airson iomairt agus leasachadh pearsanta, sòisealta is slàinte.

Tha **Goireasan Taigheadais is Teicnigeach** an urra ri rianachd air taigheadas na Comhairle cho math ri raon sheirbheisean na chois. Tro chom-pàirteachasan ùra ri taigheadas, bidh e a' toirt seachad dhachaighean air am faodar ruigsinn sna raointean as motha feum orra. Tha e an urra ris a' chlàr ùrachadh-thaighean 'Home Happening', cumail suas thogalaichean catharra agus caomhnadh ann an lùth a thoirt gu buil sa Chomhairle gu lèir. Am measg nan dleastanasan eile tha togail cìs is màl na Comhairle, oifisean-fiosrachaidh na Comhairle, comhairle mu shochairlean, comhairle air cùisean-ionmhais agus seirbheis-barganachaidh. Bidh Goireasan Taigheadais is Teicnigeach cuideachd a' cur taice ris a' choimhearsnachd tro lionra nam maor-coimhearsnachd is an sgioba-sgrùdaidh mu ghiùlan mì-shòisealta.

Tha rùn aig **Goireasan ri Obair Shòisealta** raon farsaing de sheirbheisean a thoirt seachad air a bheil cothrom, a tha iomchaidh is buntainneach gus feumalachdan luchd-cleachdaidh sheirbheisean is an luchd-cùraim aca a thoirt a-mach. Bithear a' libhrigeadh sheirbheisean, leithid cùram-dachaigh is cùram-latha, an dara cuid gu dìreach le Goireasan ri Obair Shòisealta no gan ceannach tro eagrachaidhean neo-eisimeileach is saor-thoileach. Tha luachan is prionnsapalan bunaiteach ris an obair seo aig a bheil mar amas cuideachadh is obair le àireamh de luchd-cleachdaidh leithid clann, daoine òga is an cuid theaghlaichean, daoine aosta, luchd-cùraim agus daoine air am bi duilgheadasan a thaobh slàinte-inntinn a' cur.



## Gàidhlig ann an Siorrachd Lannraig a Deas

Bha Gàidhlig ann an sgìre Siorrachd Lannraig a Deas cho fada air ais ris an 12mh linn nuair a bha Gàidhlig aig cuid mhath den t-sluagh. Tha seo ri fhaicinn san latha a tha ann an-diugh ann an ainmean nam bailtean againn leithid Baile an t-Saoir agus Lios MoChuda. An-diugh, ge-tà, tha an àireamh a bhios a' bruidhinn, a' sgrìobhadh is a' leughadh a' chànain fada nas ìsle. Tha cunntas-sluaigh 2011 a' leigeil fhaicinn gu bheil a leithid de sgilean aig 1,358 (0.45%) de shluagh Shiorrachd Lannraig a Deas an-dràsta agus gu bheil eòlas aig 2,106 (0.69%) air a' Ghàidhlig.

Le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoil Chnoc nan Camshronach agus ann an àrd-sgoil Ghleann Chaldair, tha sinn air bogadh ann an Gàidhlig air fad a thoirt seachad airson bliadhnaichean nan sgoiltean-àraich is a' chiad trì bliadhna sa bhun-sgoil. An dèidh sin, tha an clàr-oideachaidh ga lìbhrigeadh an dà chuid sa Ghàidhlig is sa Bheurla agus aig ìre nan àrd-sgoiltean thathar ga tairgse mar chuid den chlàr-oideachaidh. Tha am poileasaidh air a stèidheachadh air an stiùireadh fo Chlàr-oideachaidh Sàr-mhathais na Gàidhlig. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na phàirt de shiostam foghlaim na h-Alba agus tha e ri fhaighinn le teaghlaichean aig a bheil a' Ghàidhlig agus aig nach eil a' Ghàidhlig. Gheibh teaghlaichean aig a bheil ùidh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh bho làrach-lìn Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas. Ann an 2013-14 bha 20 leanabh aig aois sgoil-àraich a' frithealadh Beinn Chamshron, 68 sgoilear eile ann am bun-sgoil 1 suas gu 7 agus 14 òganach gu h-iomlan a' cumail suas agus a' leasachadh nan sgilean cànan aca aig Àrd-sgoil Ghleann Chaldair. Aig an àm seo chan eil Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas a' lìbhrigeadh GLPS (Ionnsachadh Gàidhlig sa bhun-sgoil) no Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) san àrd-sgoil.

Mar chuid den chlàr againn mu Ionnsachadh is Leasachadh sna Coimhearsnachdan (CLD) tha raon gnothaichean Gàidhlig ga thairgse againn do luchd-ionnsachaidh inbheach. Gheibhear fiosrachadh mu chlasaichean Inbheach foghlaim Gàidhlig air làrach-lìn Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas agus air LearnGaelic.net, an goireas lìn air-leth airson a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig na h-Alba. Bidh cuid den phlana againn ag iarraidh an ìre san dà chuid an luchd-obrach is a' choimhearsnachd againn a bhruidhneas Gàidhlig a shònrachadh barrachd agus cothrom nas fheàrr a thoirt gus a bhith ga cleachdadh is a' brosnachadh choimhearsnachdan gus a bhith rithe.

Tha Siorrachd Lannraig a Deas aig crìochan Ghlaschu far a bheil coimhearsnachd làidir Gàidhlig is cultarail a tha a' tàladh mòran dhaoine bhon choimhearsnachd gus a bhith nam pàirt agus a' faighinn tlachd bho eachdraidh bheartach a' chànain. Ann an Siorrachd Lannraig a Deas tha Mòd beag air a bhith sa choimhearsnachd airson grunn bhliadhnaichean agus aig Bun-sgoil Beinn Chamshron tha iad air a bhith a' cumail latha cultarail Gàidhlig gus a bhith a' cur dhaoine òga an sàs ann am bàrdachd, ceòl, dannsa is spòrs.

## Earrann 2 – Rùintean Bunaiteach

Anns an stiùireadh reachdail aige mu Ullachadh Planaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gu bheil cruthachadh an t-suidheachaidh as fheàrr gus Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach air aonan de na mìrean as bunaitiche de dh'ùrachadh-cànain. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de lìbhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh a tha ag iarraidh gun cuir buidhnean poblach orra agus Planaichean Gàidhlig gan cur ri chèile aca:-

Iomhaigh:                dearbh-aithne chorporra  
                                  sanasan

Conaltradh:            ionad-fàilte  
                                  fòn  
                                  post agus post-dealain:  
                                  bileagan  
                                  coinneamhan poblach  
                                  modhan gearain

Foilseachaidhean:    dàimh phoblach agus na meadhanan  
                                  stuth air a chlò-bhualadh  
                                  làraich-lìn  
                                  taisbeanaidhean

Luchd-obrach:        trèanadh  
                                  ionnsachadh-cànain  
                                  fastadh  
                                  sanasachd

Tha sinn mothachail air cho cudromach is a tha na ceithir raointean seo gus iomhaigh a' chànain a thogail sa chomhairle gu lèir agus anns an obair a bhios i a' dèanamh. Tha sinn a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cur riutha gus amasan na h-Achd is a' Phlana Nàiseanta a thoirt gu buil agus mar a bhios co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla mar fheart coileanta den h-uile seirbheis Ghàidhlig a bhithear a' tabhann. A thuilleadh air an sin bidh sinn a' tairgse a h-uile seirbheis is goireas dà-chànanach (Gàidhlig/Beurla) againn gu gnìomhach.

# Ìomhaigh

Feallsanachd:

Bidh a' Ghàidhlig anns an ìomhaigh chorporra agus sanasan a' cur gu mòr ri ìomhaigh a' chànain, ri a h-inbhe agus a' dèanamh aithris gu math cudromach air an luach a thathar a' cur air a' Ghàidhlig is air an urram a thathar a' toirt dhith. Cuideachd, faodaidh leasachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasan cur ri saidhbheas cainnt luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, ri aire an t-sluaigh air a' chànain agus cuideachadh gus a leasachadh. Nì a' Chomhairle cinnteach gun tèid co-ionannachd spèis a thoirt don chànain le bhith ga taisbeanadh anns an aon chlà-sgrìobhainn agus an aon mheud ri fiosrachadh a thèid a thaisbeanadh sa Bheurla. Mar sin, foillsichidh seo tairgse ghnìomhach gus cleachdadh a' chànain a bhrosnachadh.

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail air cho cudromach is a tha e cur ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig.

Raon-obrach Leasachaidh Gníomhan		Seirbheis Urra Clàr-ama	
Ìomhaigh:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh mu ìomhaigh aig Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas an-dràsta		
Prìomh raointean a thaobh leasachaidh	Taisbean srabag is suaicheantas corporra anns an dà chànain gus co-ionannachd spèis a nochdadh do na cànain agus cleachd iad mar sin air carbaidean, aig iomairtean agus tachartasan.	Goireasan Corporra	Bliadhna a h-aon
	Leasaich poileasaidh mu chleachdadh na Gàidhlig ann an ìomhaigh chorporra na Comhairle	Corporra	Bliadhna a h-aon
	Thoir a-steach cleachdadh ainmean-sgrìobhte dà-chànainach ann am post àbhaisteach is post-dealain	Corporra	Bliadhna a h-aon

	<p>Leasaich agus thoir a-steach poileasaidh air sanasan/ainmean airson sgìre na Comhairle a bhios a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla. Bheir am poileasaidh seo a-steach soidhnichean rathaid stairsneach.</p>	<p>Iomairt/Taigheadas is Teicnigeach</p>	<p>Leantainn</p>
	<p>Dèan cinnteach gu bheil sanasan dà-chànanach iomchaidh ann an togalaichean na Comhairle aig amannan ath-sgeadachaidh no ath-thogail</p>	<p>Taigheadas is Teicnigeach</p>	<p>Bliadhna a h-aon is na dèidh</p>

## Earrann 2 - Conaltradh

Feallsanachd:

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre aig am bi ceangal aig a' phoball ri ùghdarras poblach a' cur ris an uimhir den chànan a tha ri fhaicinn is ri chluinntinn agus bidh e a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus airidh air fàilte. A bharrachd air a bhith a' cur ri inbhe a' chànan, bidh e cuideachd a' cruthachadh cothroman gus a cleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar a' gabhail gnothach ris an ùghdarras poblach an dèidh sin. Nì a' Chomhairle cinnteach gun tèid co-ionannachd spèis a thoirt don chànan le bhith ga taisbeanadh anns an aon chlà-sgrìobhainn agus an aon mheud ri fiosrachadh a thèid a thaisbeanadh sa Bheurla. Thèid Seirbheisean agus goireasan Gàidhlig a thairgsinn gu gnìomhach gus cleachdadh a' chànan a bhrosnachadh.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ris an ùghdarras ann an litrichean, ann am post-dealain agus air am fòn cudromach gus cothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh agus le bhith a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus airidh air fàilte. Faodaidh ìre na Gàidhlig ann am farsaingeachd de bhileagan san dà chànan agus sa Ghàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri follaiseachd agus urram a' chànan. Faodaidh ullachadh air tionndadh Gàidhlig de bhileagan, iarrtasan agus sgrìobhainnean eile, cuideachadh cuideachd gus a chur ris an ìre de bhriathrachas Gàidhlig agus ri aire luchd na Gàidhlig air a leithid de bhriathrachas, rud a chuidicheas ri leasachadh a' chànan fhèin.

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo.

<b>Raon-obrach Leasachaidh</b>	<b>Gnìomhan</b>	<b>Seirbheis Urra</b>	<b>Ùine</b>
<b>Conaltradh</b>			
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Bidh Shiorrachd Lannraig a Deas a' cur air adhart is a' toirt seachad sheirbheisean eadar-theangachaidh gus feumalachdan dhaoine fa-leth a thoirt a-mach		
	Sgrùdadh a chumail air sgrìobhainnean bunaiteach na Comhairle agus Gàidhlig a thoirt a-steach mean air mhean m.e. poileasaidh co-ionannachd gus beachdachadh air Gàidhlig a thoirt a-steach far a bheil e iomchaidh	Corporra	Bliadhna a h-aon
	Cur ri mothachadh is gealladh mu riarachadh bhileagan anns a' Ghàidhlig nuair a dh'ìarras luchd-cleachdaidh iad, mar eisimpleir foirm ghearanan na Comhairle	Goireasan uile	Bliadhna a h-aon
	Thoir seachad tairgse gnìomhach agus cum ris a' ghealladh a bhith a' tabhann sheirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig aig tachartasan poblach is ionadan seirbheis luchd-ceannach le bhith a' toirt chothroman dha luchd-obrach na sgìlean Gàidhlig aca adhartachadh.	Goireasan uile	Leantainn

Cur freagairt anns a' Ghàidhlig do dhaoine nuair a chuireas iad fios thugainn ann an Gàidhlig agus dèan seo a rèir amannan àbhaisteach a thaobh freagairt	Goireasan uile	Leantainn
Mar phàirt de sgrùdadh neach-obrach air cleachdaidh na Gàidhlig, agus air an aon rèir ris a' chleachdadh le BSL, suaicheantais-ainmean a thoirt a-steach a nochdas comas luchd-labhairt ann am bruidhinn na Gàidhlig gus a bhith a' brosnachadh a cleachdaidh.	Corporra	Bliadhna a h-aon
A bharrachd air na ceanglaichean ris na meadhanan Beurla, ceanglaichean a dhèanamh le meadhanan Gàidhlig gus a dhèanamh cinnteach gum bi obair na Comhairle ga nochdadh ris a h-uile roinn den choimhearsnachd	Corporra	Bliadhna a h-aon

### Earrann 3 – Foillseachaidhean

Feallsanachd:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò cuideachadh ri leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh e a' cuideachadh a' cur ri follaiseachd a' chànain, a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith air a faicinn a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean cudromach agus cuidichidh e gus briathrachas ùr a chruthachadh agus briathrachas gnàthaichte a leasachadh. Tha an ìre de Ghàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh gu bhith a' sealltainn an rùn aig ùghdarras poblach fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain. A rèir mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh a bhith a' dèanamh ullachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànain.

Nì a' Chomhairle cinnteach gun tèid co-ionannachd spèis a thoirt don chànain le bhith ga taisbeanadh anns an aon chlà-sgrìobhainn agus an aon mheadhan ri fiosrachadh a thèid a thaisbeanadh sa Bheurla. Thèid Seirbheisean agus goireasan Gàidhlig a thairgsinn gu gnìomhach.

Tha rùn aig Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna raointean ud far a bheil an cuspair a' glacadh ùidh a' phobaill anns an fharsaingeachd no a bheil e a' bualadh air nithean a tha ceangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Seirbheis Urra	Ùine
<b>Foillseachaidhean agus meadhanan:</b>			
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Chan eil poileasaidh mu fhoillseachadh is na meadhanan a bhuineas gu sònraichte ris a' Ghàidhlig aig Lannraig a Deas an-dràsta		
<b>Prìomh raointean leasachaidh</b>	Thèid am Plana Gàidhlig againn is an stuth air fad na chois leithid duilleagan lìn agus geàrr-chunntasan iomchaidh den phlana fhoillseachadh san dà chànain a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla	Corporra	Bliadhna a h-aon is na dèidh

Naidheachdan Gàidhlig sònraichte a chur air làrach-lìn na Comhairle is foillseachaidhean leithid South Lanarkshire View, South Lanarkshire Reporter agus iris an luchd-obrach “the Works”	Corporra	Bliadhna a dhà
Sanasachd san dà chànan mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig is stuth sam bith na chois	Goireasan uile	Bliadhna a dhà
Fiosrachadh uile ceangailte ris a’ Ghàidhlig fhoillseachadh air an làrach-lìn againn	Goireasan uile	Bliadhna a dhà agus air adhart
Stuth leabharlannan a sgrùdadh is ùrachadh gus am bi cothrom air foillseachaidhean Gàidhlig is air an eachdraidh nan cois	Urras Cur-seachad is Cultair Siorrachd Lannraig a Deas (SLLC)	Bliadhna a dhà
Ceanglaichean a dhèanamh is a leasachadh ri eagrachaidhean Gàidhlig ionadail is buidhnean-coimhearsnachd gus obair-ealain is obair chultarail a leasachadh is a thàladh gus cleachdadh is dualchas na Gàidhlig a thaisbeanadh	SLLC	Bliadhna a dhà agus air adhart



## Earrann 4 – Luchd-obrach

Feallsanachd:

Gus seirbheisean a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, feumar eòlas-obrach agus eòlas-cànain an luchd-obrach a leasachadh. Ann a bhith a' toirt ionnsachadh-cànain don luchd-obrach, bithear a' cuideachadh gus ionnsachadh na Gàidhlig am measg inbheach a chur air adhart agus a' Ghàidhlig fhèin a chur air adhart mar sgil feumail san àite-obrach. Cuidichidh comharrachadh obraichean far a bheil a' Ghàidhlig na sgil fa leth gu mòr ri inbhe a' chànain agus gus a comharrachadh mar sgil feumail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' cuideachadh gu bhith a' tuigsinn gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge b' e dè an ìre de sgilean Gàidhlig a tha a dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na riatanas-obrach fìrinneach. Bu chòir do dh' ùghdarrasan slatan-tomhais a ghlacadh is a chur an gnìomh a dhèanamh cinnteach gun toirear seachad dreuchdan a rèir Cothrom na Fèinne agus gum bi sin air a dhèanamh a rèir nan sgilean aithnichte a tha a dhìth airson na h-obrach.

***Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail air cho cudromach is a tha a' Ghàidhlig a mheas mar sgil cudromach a thaobh a bhith ag obair agus suidheachaidhean a shònrachadh far a bheil a cleachdadh riatanach no feumail. Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail cuideachd air cho cudromach is a tha e cur air chomas don luchd-obrach cur ris a' Ghàidhlig aca mas e sin am miann.***

Raon-obrach	Gnìomhan	Seirbheis Urra	Ùine
Leasachaidh			
Luchd-obrach			
Cleachdadh an-dràsta	Bidh Siorrachd Lannraig a Deas a' cur air adhart is a' toirt seachad sheirbheisean eadar-theangachaidh gus feumalachdan dhaoine fa-leth a thoirt a-mach		

<b>Prìomh raointean leasachaidh</b>	Dèan sgrùdadh luchd-obrach gus comas is ùidh ann an Gàidhlig is cothroman-ionnsachaidh san àm ri teachd a dhaingneachadh Thèid sgrùdadh an luchd-obrach a dhèanamh a-rithist co-dhiù aon uair taobh a-staigh ùine a' Phlana seo gus an tèid dàta ciallach ùrachadh.	Corporra	Bliadhna a h-aon
	Bheir sinn seachad trèanadh ann am Mothachaidh na Gàidhlig do luchd-obrach na Comhairle air fad agus do bhuill na Comhairle		
	Cur cuideam air mar a tha cothrom air ionnsachadh iomchaidh tro mheadhan na Gàidhlig mar phàirt de chùrsaichean air-loidhne	Corporra	Bliadhna a dhà
	Air an aon rèir ri ath-bhreithneachadh air poileasaidh a thaobh fastaidh, cuir cruth foirmeil air na modhan-obrach fastaidh mu dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no feumail agus air sanasachd a bhios a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla.	Corporra/Foghlam	Bliadhna a trì

<p>Thoir brosnachadh don luchd-obrach far a bheil e iomchaidh gus Gàidhlig a chleachdadh ann an ìbhrigeadh sheirbheisean le bhith a' tabhann gu gnìomhach chothroman trèanaidh don luchd-obrach airson an cànan ionnsachadh</p>	<p>Goireasan uile</p>	<p>Leantainn</p>
<p>Bheir sinn trèanadh leantainneach don luchd-obrach a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig gus an comas-cànain aca a leasachadh mean air mhean agus don luchd-obrach san fharsaingeachd mar a bhios iomchaidh don dreuchd aca.</p>	<p>Foghlam</p>	<p>Leantainn</p>

## Earrann 3 – Buaidh aig poileasaidh air Gàidhlig: A’ cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

### Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh gun tèid na raointean as cudromaiche a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh air a' chuid as motha tron phlana Gàidhlig againn ach gun èirich cothroman gus an cànan a chur air adhart agus a leasachadh tro na ceuman poileasaidh a tha ann an-dràsta. Nì Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas sgrùdadh air na rùintean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta far am faodar Gàidhlig a thoirt a-steach gu gnìomhach agus na tàbhachdan ann am Plana Nàiseantana Gàidhliga chur an sàs tro mhodhan a bharrachd. Chì sinn an leasachadh seo a rèir prionnsapal an àbhaisteachaidh, aig a bheil e mar amas Gàidhlig a thoirt a-steach mar chuid de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas cinnteach gum bi a’ bhuidh air a’ Ghàidhlig air an aon rèir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

### Sealladh Farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig air ceithir nithean ceangailte a bhuineas do leasachadh-cànain air nach fhuilear aghaidh a chur, agus nam broinn, tha e air àireamhan de raointean-gnìomha tàbhachdach a shocrachadh:

#### 1. Togail Cànain

Cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a’ dèanamh cinnteach gun cuirear an cànan a-null ann an teaghlachan agus a’ daingneachadh chothroman èifeachdach gus Gàidhlig ionnsachadh, le bhith:

a’ cur ri cleachdadh is cur-a-null na Gàidhlig aig an taigh  
a’ cur ri àireamh na cloinne a bhios a’ togail na Gàidhlig anns an sgoil  
a’ meudachadh air na tha ri fhaotainn de fhoghlam tron Ghàidhlig agus na tha a’ tòiseachadh ann  
a’ cur ri àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a’ dol air adhart gu fileantachd

#### 2. Cleachdadh Cànain

A’ brosnachadh barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig, a’ toirt seachad chothroman gus an cànan a chleachdadh, agus a’ cur air adhart cothrom air conaltradh Gàidhlig, le bhith:

a’ cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan  
a’ cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam aig an treas ìre agus ann an ionadan-obrach

a' cur ri ìre na Gàidhlig anns na meadhanan  
a' cur ri adhartachadh na Gàidhlig ann an saoghal nan ealain  
a' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig sna roinnean ri turasachd, dualchas is cur-  
seachadan

### 3. Inbhe a' Chànain

A' cur ris an ìre de Ghàidhlig a tha ri fhaicinn is ri chluinntinn, ris an aithneachadh a gheibh i agus a' cruthachadh deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba.

### 4. Corpas a' Chànain

A' neartachadh buntainneachd is seasmhach na Gàidhlig le bhith:

a' cur ri buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig  
a' cur ri càileachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig is ris a' chothrom orra  
a' cur ris a' chothrom air fiosrachadh-rannsachaidh mionaideach

## Rùn mu Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha rùn aig Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh is anns an earrann seo, tha sinn a-mach air mar a tha e san amharc againn an t-amas sin a thoirt gu buil.

### 1. Togail Cànan

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus nach fhuilear sealltainn gu sònraichte ris an dachaigh, ri foghlam is ionnsachadh do dh'ìnbhich mar na modhan as fheàrr gus seo a thoirt a-mach. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas a chuidicheas gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Seirbheis Urra	Ùine
<b>Dachaigh, Foghlam is Ionnsachadh Inbheach:</b>			
<b>Prìomh raointean leasachaidh</b>	<p>Dèan sgrùdadh air na modhan againn mu ghabhail ri clann-sgoile gus dèanamh cinnteach gum bi fios aig a h-uile pàrant mu chothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig àm-clàraidh.</p> <p>Thoir seachad barrachd fios mu FTMG mar roghainn sna h-ionadan uile sna Tràth-bhliadhnaichean agus aig ionadan poblach eile.</p> <p>Cùm sùil air àireamhan a thaobh gabhail ri FTMG le sùil air adhartas gus dèanamh cinnteach gum bi CSLD a' cur ris an amas nàiseanta gu bhith a' dùblachadh an àireamh de chlann a bhios a' tighinn a-steach gu FTMG.</p>	Foghlam	<p>Bliadhna a dhà agus air adhart</p> <p>Bliadhna a h-aon</p> <p>Leantainn</p>

	<p>Dealbhaich plana a chuireas ri lìbhrigeadh nan cuspairean san àrd-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig, ann an Àrd-sgoil Ghleann Chaldair.</p> <p>Cur ris an àireamh de chlann ri FTMG sa bhun-sgoil a' dol air adhart gu Àrd-sgoil Ghleann Chaldair tro litrichean-naidheachd sgoile agus ceanglaichean ri clann àrd-sgoile, is tro ullachaidhean a thaobh dol dhan àrd-sgoil is gnothaichean eile am broinn na sgoile, ag obair le pàrantan gus buannachdan dà-chànanais a bhrosnachadh, a' toirt a-steach buannachdan FTMG aig ìre àrd-sgoile.</p>	Foghlam	Bliadhna a trì
	<p>Thoir cuideachadh le ullachaidhean a thaobh còmhhdail do dhaoine òga ri Foghlam Gàidhlig ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus nuair a bhios seo làn a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail eile gus a h-uile cothrom a thoirt dha na daoine òga againn.</p>	Foghlam	Bliadhna a dhà agus air adhart
	<p>Cumail oirnn a' cur tàbhachd air fastadh luchd-teagaisg is luchd-taice FTMG.</p>	Foghlam	Leantainn

	<p>Cumaidh an luchd-obrach anns na sgoiltean againn orra a' faighinn leasachaidh dhreuchdail leantainnich ceangailte ri FTMG, gach cuid gu h-ionadail is gu nàiseanta, a' gabhail a-steach obair-stiùiridh le sgoiltean ann an ùghdarrasan eile.</p> <p>Cur ri leasachadh nan goireasan air an Lìon, GLOW is Scholar nam measg, mar thaic ri LDL agus cothroman-ionnsachaidh don luchd-obrach is do na sgoilearan. Daingnich mar a tha an làrach <a href="http://www.storlann.co.uk/">http://www.storlann.co.uk/</a> ri fhaighinn mar stòr airson stuthan foghlaim.</p>	Foghlam	Leantainn  Bliadhna a dhà
	<p>Cumaidh sgoiltean orra a' toirt cothroman gach cuid do dh'inbhich is do theaghlaichean Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil.</p> <p>Dèan sgrùdadh air a bhith a' cleachdadh dhaoine le Gàidhlig mar luchd-obrach saor-thoileach ann am FTMG.</p> <p>Cumail oirnn le cothroman do sgoilearan Gàidhlig dol an sàs ann an gnothaichean foghlaim, cultarail is spòrs anns an fharsaingeachd anns a' Ghàidhlig, gach cuid fo sgèith na sgoile is CLD.</p>	Foghlam	Bliadhna a h-aon is na dèidh



Dèan sgrùdadh le ùghdarrasan eile agus NHS Siorrachd Lannraig air dòighean gus taic shònraichte (mar eisimpleir, taic bho eòlaichean-inntinn ri mheasadh) don chloinn aig a bheil feumalachdan a bharrachd a thaobh taice ann am FTMG.	Foghlam	Bliadhna a trì
Faigh dòighean gus maoinachadh a chumail airson a' chlas Ghàidhlig do phàrantan cloinne ri Gàidhlig ann an Cnoc nan Camshronach a tha ga mhaoineachadh le tabhartas sònraichte bho Riaghaltas na h-Alba an-dràsta.	Foghlam	Bliadhna a dhà
Cùm a' dol leis na tha ann an-dràsta de chlasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh inbheach is cuir ris na tha ann do sgìrean ùra tro sgrùdaidhean luchd-obrach is coimhearsnachd.	Foghlam	Bliadhna a trì
Adhartaich cleachdadh solarachadh Leasachadh Ionnsachadh Coimhearsnachd (CLD) na Gàidhlig, a' gabhail a-steach ionnsachadh do dh'inbhich, ceòl, cultar is spòrs le bhith a' cur fios ann an togalaichean na comhairle agus air làraichean-lìn na comhairle.	Foghlam	Bliadhna a dhà agus air adhart
Cumail oirnn leis na ceanglaichean a tha againn le ùghdarrasan Gàidhlig is com-pàirtichean Èireannach eile. m.e. farpaisean ann an labhairt phoblach, Parasite Project a' ceangal ri Beul Feirste.	Foghlam	Leantainn
Leabharlannan – leabhraichean ùra Gàidhlig - BS1	Foghlam	Bliadhna a dhà

	Dèan ath-bhreithneachadh air na tha ann de Ghàidhlig is de ghoireasan Gàidhlig is Ceilteach sna leabharlannan is sna taighean-tasgaidh againn, cuir ris an stuth mas urrainn agus dèan comasach rannsachadh air an lìon airson ghoireasan.	Foghlam/ SLLC	Bliadhna a dhà
--	--	------------------	----------------

## 2. Cleachdadh Cànan

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gun fheumar chan e a-mhàin cur ris an àireamh de dhaoine a bhruidhneas an cànan ach cur ri cleachdadh fhèin cuideachd. Tha sinn mothachail air cho cudromach is a tha e cur air chomas do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar am modh-conaltraidh as fheàrr is as àbhaisteach leotha ann an raon a tha a' fàs nas fharsaingeach nam beatha làitheil.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Seirbheis Urra	Ùine
<b>Coimhearsnachd, ionad-obrach, meadhanan, ealain agus turasachd</b>			
<b>Prìomh raointean leasachaidh</b>	Nuair a thèid iarrrtas a shònrachadh tro sgrùdaidhean luchd-obrach is choimhearsnachdan, thèid cothroman a ghabhail a chuireas ris na tha ann de dh'ionnsachadh do dh'inbhich a leasachadh.	Corporra/Foghlam	Bliadhna a h-aon is na dèidh
	Cuiridh sinn ri mothachadh air ionnsachadh Gàidhlig do dh'inbhich le barrachd sanasachd air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh agus le bhith a' cleachdadh modhan-conaltraidh àbhaisteach is air-loidhne.	Corporra/ Foghlam	Bliadhna a dhà

	Nì sinn ath-bhreithneachadh air obraichean-ealain is obraichean cultarail mar thaic ris na tha ann an-dràsta agus gus tachartasan ùra a leasachadh le coimhearsnachdan	SLLC	Bliadhna a h-aon
	Nì sinn ath-bhreithneachadh air tasgaidhean-taisbeanaidh ealain is cultarail gus tachartasan Gàidhlig sònraichte a thoirt do choimhearsnachdan ionadail	SLLC	Bliadhna a dhà
	Cruinnichidh sinn fiosrachadh gus buidhnean ionadail a tha an sàs ann an leasachadh Gàidhlig a shònrachadh gus ceanglaichean a chruthachadh agus taic a thoirt seachad nuair as iomchaidh	Corporra	Bliadhna a h-aon

### 3. Inbhe a' Chànain

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail gu bheil inbhe a' chànain fo bhuaidh aig an ìre a tha aice anns an àrainneachd làitheil agus an ìre dham bheilear ga cleachdadh, ga luachadh agus ga meas leis na buidhnean sin aig a bheil buaidh chudromach air ar beatha làitheil.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Seirbheis Urra	Ùine
<b>Inbhe:</b>			
<b>Prìomh raointean leasachaidh</b>	Nì sinn cinnteach gum bi cothrom air a' phlana Gàidhlig againn aig na h-uile sa choimhearsnachd againn	Corporra	Bliadhna a h-aon

	Iarraidh is cuiridh sinn air adhart taic ris a' phlana againn tro Chom-pàirteachas Dealbhaidh nan Coimhearsnachdan againn	Corporra	Bliadhna a h-aon
	Nì sinn obair leis na com-pàirtichean againn ri Dealbhadh sa Choimhearsnachd gus amasan a' phlana againn a libhrigeadh agus cuidichidh sinn iad gu gnìomhach le bhith a' leasachadh an cuid phlanaichean fhèin.	Corporra	Leantainn

#### 4. Corpas a' Chànain

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas mothachail air an fheum a tha ann buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, cho math ris a' chuideam air leigeil le seirbheisean eadar-theangachaidh agus rannsachadh mun chànan a chur air adhart. Anns a h-uile stuth sgrìobhte cumaidh a' Chomhairle ris a' chomhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba agus ris a' chomhairle a th' anns a' "Ghàths-sgrìobhaidh Gàidhlig" (GOC),

<b>Raon-obrach</b>	<b>Gnìomhan</b>	<b>Seirbheis Urra</b>	<b>Clàr-ama</b>
<b>Leasachaidh</b>			
<b>Conaltradh</b>			
<b>Prìomh raointean leasachaidh</b>	Bheir sinn seachad seirbheisean eadar-theangachaidh aig àrd-ìre	Corporra	Bliadhna a h-aon

	<p>Nì sinn obair le pannal nan Saoranach againn agus buidhnean-coimhearsnachd is riochdairean sònraichte eile gus obair-sgrùdaidh bhuntainneach a tharraing a-mach mu chleachdadh is leasachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Lannraig a Deas agus gus soirbheachadh a' phlana againn a thomhas</p>	<p>Corporra</p>	<p>Bliadhna a h-aon is na dèidh</p>
--	--	-----------------	-------------------------------------

## Earrann 4 – Cur an Gnìomh is Dearcnachadh

### Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd no gus a bheilear air plana ùr a chur na àite. Bidh a' Chomhairle a' sireadh gealladh bhon fheadhainn a bhios a' libhrigeadh bathair is sheirbheisean gun cùm iad ri prionnsapalan a' phlana. Ann an Caibideil 2 – Rùintean Bunaiteach agus earrann 3 – Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig, tha sinn air cinn-latha sònraichte a shocrachadh airson amasan fa-leth nuair a tha sinn an dùil rùintean sònraichte a chur an gnìomh.

### Sgaoileadh fiosrachaidh mun Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Chomhairle Shiorrachd Lannraig a Deas fhoillseachadh anns an dà chànan air làrach-lìn Chomhairle Shiorrachd Lannraig a Deas. Cuideachd, nì sinn na leanas:

- cuiridh sinn brath-naidheachd a-mach mun Phlana;
- cuiridh sinn lethbhric den Phlana sna h-oifisean poblach is sna h-ionadan-fàilteachaidh againn,
- bheir sinn fios mun Phlana don luchd-obrach air an lìon againn
- bheir sinn lethbhric den Phlana do dh'eagrachaidhean Gàidhlig ionadail;
- bheir sinn lethbhric den Phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis; agus
- bheir sinn lethbhric seachad nuair a thathar gan iarraidh.

An dèidh dha cead fhaighinn bhon Chomhairle, bidh am Plana seo mar phoileasaidh foirmeil aig Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas agus thèid ceuman a ghabhail gus sùil a chumail air a bhith ga chur an gnìomh agus gus innse dha eagrachaidhean ionadail agus a tha ann am com-pàirt rinn mun phlana agus gus am brosnachadh a bhith an sàs ann an spiorad nan gnìomhan a tha air a mìneachadh na bhroinn.

Is e an Ceannard a bhios an urra aig a' cheann thall ri bhith a' dèanamh cinnteach gun toir a' Chomhairle na geallaidhean sa Phlana seo gu buil thairis air na còig bliadhna bho 2013-2018.

Thèid adhartas mun Phlana a chur gu Sgioba-stiùiridh Corporra na Comhairle is Comataidh nan Goireasan Corporra dà thuras sa bhliadhna agus a h-uile bliadhna gu Bòrd na Gàidhlig. Thèid fianais a thional le sgrùdaidhean air an tarraing a-mach leis an luchd-obrach againn, le pannal nan saoranach againn, eagrachaidhean Gàidhlig ionadail agus buidhnean eile le ùidh sa chùis.

Bheir Siorrachd Lannraig a Deas a-mach na feumalachdan a thaobh ghoireasan airson a' Phlana bho na buidseatan a tha ann an-dràsta agus bho mhaoineachadh mar thabhartasan sònraichte airson na Gàidhlig le Riaghaltas na h-Alba.

## EARRANN 5

### Fios thugainn

Tha sinn a' cur fàilte air na beachdan is na gearanan agaibh uair sam bith. Le bhith a' nochdadh nam beachdan agaibh agus ag innse dhuinn nuair a thèid rudan ceàrr, cuidichidh sibh sinn gus leasachadh a thoirt air ar cuid sheirbheisean dhuibh.

'S urrainn dhuibh seo a dhèanamh:

- **le bhith a' sgrìobhadh gu** – Manaidsear Leasachaidh Neach-obrach is Iomadachd, Goireasan Corporra, Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas, Ùrlar 3, Prìomh Oifisean na Comhairle, Sràid Almada, Hamalton, ML3 0AA
- **le bhith a' fònadh** – air na h-àireamhan gu h-iseal
- **le post-dealain no tro bhileag nam beachdan is nan gearanan againn** - aig na seòlaidhean aig putan “Fios thugainn” air duilleag-aghaidh làrach-lìn na Comhairle aig [www.southlanarkshire.gov.uk](http://www.southlanarkshire.gov.uk)
- **le bhith a' tadhal air gin de na h-oifisean againn** - aig gin de na seòlaidhean air an aon dhuilleag-lìn air a bheil iomradh gu h-àrd

Airson barrachd fiosrachaidh, no ma tha sibh ag iarraidh an fhiosrachaidh seo an an riochd no cànan eile, cuiribh fòn air **01698 453886** no cuiribh post-dealain gu [equalities@southlanarkshire.gov.uk](mailto:equalities@southlanarkshire.gov.uk).